

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

AN DÙBHLACHD | 4 | 2024

LE TAIC BHO



Facal Toisich

Chìthear dà phìos air *Leabhar* (air neo *Leabhraichean*) *nan Ceist* anns an àireamh seo de *Na Duilleagan Gàidhlig* – criomag bho *Adtimchiol an Chreidimh* (c. 1630) agus geàrr-chunntas air *Leabhar Aithghearr nan Ceist* do luchd-ionnsachaidh.

Cha deach mo thogail-sa le *Leabhar nan Ceist* – chaidh e gu ìre mhòr a-mach à fàsan airson oideachadh òigridh ann an Eaglais na h-Alba mus do rugadh mi, agus fiù 's mus do rugadh mo phàrantan. Mar sin, ged a chaidh mo thogail ag ionnsachadh Ùrnaigh an Tighearna agus a' gabhail an leabhair gach latha, cha d' fhuair mi eòlas air *Leabhar nan Ceist* gus an robh mi nam inbheach. Ar leam gur e call a bhiodh ann dhan Eaglais, nan dèan sinn dearmad air an leabhar seo. Bidh mi fhèin ga chleachdadh o àm gu àm nuair a tha mi a' searmonachadh, oir tha e a' toirt dhuinn mineachadh goireasach, pongail agus aig amannan ealanta air diadhachd Ath-leasaichte. Tha fios agam gu bheil diofar beachdan ann air an leabhar, agus tha e fìor gu bheil cunnart ann le goireasan mar sin gun tèid a chleachdadh ann an dòigh tioram, no fiù 's faoin, agus daoine ag ionnsachadh 107 ceistean agus freagairtean "air meamhoir" gun a bhith a' smaoinichadh air brìgh nam facal. Cha bhithinn airson rud mar sin fhaicinn. Ach ann an linn far a bheil ceistean ann air dè tha sinn a' creidsinn anns an Eaglais, air dè tha e a' ciallachadh gu bheil creideamh Crìosdaidh, creideamh Ath-leasaichte againn, nuair a tha iomadh rud ann an Eaglais na h-Alba ag atharrachadh cho luath, theirinn-sa gum b' urrainn dhuinn nas miosa a dhèanamh na bhith a' dol air ais agus a' leughadh *Leabhar Aithghearr nan Ceist* a-rithist, oir bheir e dhuinn beagan soilleireachaidh, ma dh'fhaoidte, air rudan a tha bunaiteach dhuinn mar eaglais agus mar thradaisean diadhaireach.

Chì sibh an seo cuideachd naidheachd bhrosnachail mu sheirbheisean Gàidhlig a' tòiseachadh ann an Deimhidh faisg air Inbhir Nis, agus air adhartas ann an ath-fhoillseachadh An Tiomnaidh Nuaidh san eadar-theangachadh ùr – gum beannaich an Tighearna an dà oidhirp sin a-chum a ghlòir, agus gun tèid Fhacal am meud san latha a th' ann.

Tha mise aig *Na Duilleagan Gàidhlig*, agus sgioba *Life & Work* gu lèir a' guidhe gach beannachd dhuibh, a leughadairean, airson àm na Nollaige agus airson na bliadhna ùir.

Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann

PS – thathas ag ràdh le cuid gu bheil diofar eadar Alba agus Sasainn ri fhaicinn anns na leabhraichean ceist a tha (no bha) cumanta san dà dhùthaich. Bidh fios aig mòran daoine gu bheil gu bheil *Leabhar Aithghearr nan Ceist* a' tòiseachadh le "Ciod is crìoch àraidh don duine?". Tha leabhar ceist Eaglais Shasainn a' tòiseachadh le ceist gu tur eadar-dhealaichte: "Dè an t-ainm a th' ort?" !

Dealbh



Eaglais Dheimhidh: Dealbh bho làrach-lìn Eaglais Srath Narainn agus Srath Èireann

Chaidh eaglais a thogail ann an Deimhidh timcheal air àm an Ath-leasachaidh, ach chaidh an eaglais bheag bhòidheach a chìthear an-diugh, le stioball suaicheanta, a thogail ann an 1826. Tha an eaglais suidhichte dìreach far an A9, deas air baile Inbhir Nis fhèin. Bidh iad a' tòiseachadh seirbheisean Gàidhlig as ùr an seo ann an 2025, le seirbheis a h-uile mìos.

Gàidhlig Shìmplidh

An do leugh thu a-riamh *Leabhar Aithghearr nan Ceist?* 'S e leabhar beag a th' ann, ach tha e air a bhith glè chudromach do iomadh neach tro na ginealaichean. Tha 107 ceist agus freagairt san leabhar, a' mìneachadh teagasgan bunaiteach na h-eaglaise – bho Ùrnaigh an Tighearna agus Na Deich Àitheantan gu na trì oifigean aig Crìosd agus nàdar na Trianaide. Tha a' Ghàidhlig ann rud beag doirbh, ach mholainn a leughadh mar gheàrr-chunntas air diadhachd Ath-leasaichte.

Tha mòran daoine eòlach air a' chiad cheist agus freagairt:

Ciod is crìoch àraidh don duine?

Is i crìoch àraidh don duine, Dia a ghlòrachadh agus a mhealtainn gu sìorraidh.

Tha an leabhar ri fhaighinn saor an asgaidh air loidhne, aig: <https://leabharaithghearnanceist.wordpress.com/>

Beagan cuideachaidh

Leabhar Aithghearr nan Ceist – The Shorter Catechism
teagasgan bunaiteach – fundamental doctrines
mholainn – I would recommend
gheàrr-chunntas – summary
diadhachd Ath-leasaichte – Reformed theology

Gàidhlig Chlasaigeach

B' e an dara leabhar Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh ann an clò, *Adtimchiol an Chreidimh*, eadar-theangachadh air *Catechismus Ecclesiae Genevensis* le Eòin Calvin, le caochladh rudan eile, ann an Dùn Èideann timcheall air 1630. Chaidh a dheasachadh agus fhoillseachadh le R.L Thomson airson an SGTS ann an 1962.

Chan eil e ro dhoirbh ri leughadh ma bhios tu cleachdte ri rud no dhà a tha caran annasach dar sùilean san latha a th' ann: nach eil e cunbhalach le beàrnann eadar faclan (m.e. an-seo, *ardtìgearnane* airson *ar tìghearna*); gu bheil e a' cleachdadh *i* agus *j* gun diofar eatorra (m.e. *josa* agus *iosa* airson *Ìosa*; *jaratus* airson *iarrtas*); gu bheil ur-dhubhadh (*eclipsis*) ann, mar a tha aca fhathast ann an Gàidhlig na h-Èirinn (*ar dtìgearnane* = *ar tìghearna*). Chìthhear cuideachd *nd* far a bheil *nn* againn an-diugh, me. *sind* airson *sinn*.

30. *Tigmid anois gus an dara cuid [i.e. ann an Creud nan Abstol]?*

Is se sin go gcred sind an'josa criosd a aon mhacson ardtìgearnane.

31. *Creud chomhchondmhas anchuidse go generalta.*

Congmhaidh gurab é mac Dé is slánaightheoir dhuinn, & ata sé ag fosgladh maraón an modha ler cheandaigh se sind on bhás ler chosain, & ler sholathair sè an bheatha dhuinn.

32. *Creud chomharridhas ainm íosa le ngoireand tu é?*

Slánajghteoir; aghon, tug an Taingeal an tainmse ar mac n' Dé ar jaratus dé fén.

(td. 8 ann an deasachadh Thomson)

Nòtaichean

Creud chomhchondmhas anchuidse – Dè tha an cuid sin a' ciallachadh?

Congmhaidh – tha sinn ag aideachadh

Cheandaigh – cheannaich

ler chosain – ar cosnadh

Searmon Beag

Bha anns an dùthaich sin buachaillean a' fantainn a-muigh, agus a' dèanamh faire-oidhche air an treud. Agus feuch, thàinig aingeal an Tighearna orra, agus dhealraich glòir an Tighearna mun timcheall; agus ghabh iad eagal mòr. Agus thubhairt an t-aingeal riu, Na biodh eagal oirbh, oir feuch, tha mi ag innse dhuibh deagh sgeul mòr-aoibhnes, a bhios don uile shluagh. (Soisgeul Lùcais, 2: 8 – 10)

Nuair a thàinig naidheachd ghlòrmhor breith Chrìosd, thàinig e an toiseach do bhuachaillean a bha “a' dèanamh faire-oidhche air an treud.” B' urrainn dhuinn iomadh rud a radh air na h-earrannan seo, ach bu toil leam aire a thoirt air dà rud gu sònraichte: gur e buachaillean a bh' annta agus gun robh iad ri fàire air an oidhche.

Chìthhear san t-Seann Tiomnadh gun deach facal agus rùn Dhè fhoillseachadh do agus tro bhuachaillean uair agus a-rithist. Bha Maois ri bhuachailleachd nuair a chunnaic e am preas lasrach (Ecsodus 3), bha Daibhidh na bhuachaill mus robh e na rìgh agus bha Amos na bhuachaill mus robh e na fhàidh (Amos 7: 14). Chìthhear cuideachd gu bheil an Tighearna fhèin coltach ri buachaill a' treòrachadh a' phobail fhèin – gu h-ainmeil ann an Salm 23, ach cuideachd ann an Salm 80: 1 (“Èisd, aodhair Israeil, a stiùir/ l'òseph mar threud led làimh”) agus Genesis 49: 24 (“Ach dh'fhan a bhogha na neart, agus rinneadh gàirdeanan a làmh làidir le làmhan Dia cumhachdach làcoib; (uaithe sin tha am buachaille, clach Israeil”). Ann an Eseciel 14: 12, tha sinn a' leughadh, “Amhail a lorgas aodhair a mach a threud, anns an là anns am bi e am measg a chaorach a chaidh a sgapadh; mar sin iarraidh mise mo chaoraich fhèin, agus saoraidh mi iad as a h uile àite gus an robh iad air an

sgànradh, anns an là neulach agus dhorcha.” Mar sin bhiodh e uile gu lèir iomchaidh gur e buachaillean a chuala an naidheachd an toiseach, oir bha an leanabh seo a bha dol a choilionadh geallaidhean nan Sgrìobtar e fhèin na Bhuachail Math (Èoin 10), agus dh’innis e ann an Cosamhlachd na Caorach Chaillte cho prìseil dha ’s a tha gach aon pheacach a tha feumach air a ghràs.

’S e an dara rud a tha cudromach gun robh na buachaillean a’ dèanamh faire. Chì sinn cho cudromach ’s a tha e a bhith ri faire ann an Cosamhlachd nan Deichnear Òigh (Mata 25: 1 – 13). Dè tha e a’ ciallachadh dhuinn a bhith ri faire sa bhetha spioradail? Tha aon fhreagairt againn an Colosianaich 4: 2, “Coisrigibh sib’ fhèin do dh’ùrnaigh, a’ dèanamh faire innte le taingealachd”, tha an t-Abstol ag ràdh. Ma nì sinn ùrnaigh, agus sin le buidheachas, agus ma tha sinn deiseil mar a bha na buachaillean gus naidheachd iongantach Ìosa a ghabhail, bidh sinn a’ cumail faire gu ceart.

Dèanamaid faire, a chàirdean, a’ cur ar n-earbhsa ann an Ìosa, ar Tighearna, as buachail dhuinn.

Naidheachdan

Comann Bhioball na h-Alba

Tha deasachadh ùr dhen Tiomnadh Nuadh san eadar-theangachadh ùr gu bhith ri fhaighinn a dh’aithghearr. Aig an àm sgrìobhaidh, tha iad an dùil gum biodh na Tiomnaidhean rim faighinn ann am bùthan agus air loidhne tràth san t-Samhain. Gheibhear e, còmhla ri goireasan eile (leabhar-fuaim an Tiomnaidh Nuaidh, bhideothan, agus na Sgrìobtaran mar app airson fònaichean-làimhe agus tablaidean) aig:

scottishbiblesociety.org/resources/gaelic-bible

Seirbheisean Gàidhlig ann an Deimhidh

Chuala sinn an naidheachd bhrosnachail agus dhòchasach gu bheil seirbheisean Gàidhlig gu bhith a’ tòiseachadh ann an Eaglais Dheimhidh (Daviot) sa bhliadhna ùr. Bidh iad ann air an darna Dimàirt dhen mhìos aig 7.30 air an fheasgar, a’ tòiseachadh sa Ghearran 2025. Bidh an t-Urr. Tormod MacIomhair aig ceann na seirbheise.

Aig an àm sgrìobhaidh, tha iad a’ feuchainn ri neach togail an fhuinn a lorg – mas aithne dhuibh cuideigin a bhios deònach pàirt a ghabhail san t-seinn san t-seann nòs, bithibh ann an conaltradh rinn!


Tha sinn a’ guidhe gach beannachd air na seirbheisean seo, agus ag ùrnaigh gum biodh iad beannaichte do mhuinntir na Gàidhlig anns an sgìre.

Fiosrachadh: strathsnairnanddearn.co.uk/

facebook.com/p/Daviot-Church-100067353497399

Sgoil Shàbaid Ghàidhlig ann an Dùn Èideann

Tha coitheanal Gàidhlig Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Èideann a’ feuchainn ri Sgoil Shàbaid a thòiseachadh sa bhliadhna ùr. Mas aithne dhuibh pàrantan no teaghlachan aig am biodh ùidh ann an seo, nach cuir sibh iad ann an conaltradh ris an neach-deasachaidh, Donnchadh Sneddon aig sneddon.duncan@gmail.com





AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Laoidh

Nach glòrmhor an naidheachd

Le Iain Mac a' Ghobhainn
Air fonn Muirneag

Nach glòrmhor an naidheachd,
th' air aithris don t-sluagh;
a tharmaich an toiseach
's an t-siorraidheachd shuas:
Gun d' rùnaich an Trianaid,
an Dia tha bith-bhuan,
'n dara-pearsa thigh'n ìosal,
Mac Dhè mar an t-Uan.

Nach glòrmhor an naidheachd,
chaidh aithris o nèamh;
nuair dhealraich an solas,
bha milis na ghnè:
Bha Crìosda 's a ghealladh,
Mar ullachadh Dhè;
's e meadhan a' ghàraidh,
's e deàrrsadh ro threun.

Nach glòrmhor an naidheachd,
bhios air aithris gu bràth;
gun tàinig Fear-saoraidh,
measg dhaoine gu tàmh:
Gun d' laigh e sa phràsaich,
mar thoradh air gràdh;
bha gluasad na iomairt,
teachd shaoradh o nàmh.

Adhbhar gàire

B' e balach òg san Sgoil Shàbaid a bh' ann an Iain, agus bha e airson Iòseph a riochdachadh ann an dealbh-cluich na Nollaige. Chaidh an ròl sin a thoirt do ghille eile, ged-tà, agus cha robh Iain ro thoilichte gun robh esan dol a chluich an òstair. Fhuair e dìoghaltas, ged-tà, oir nuair a thàinig Iòseph agus Muire dhan taigh-òsta, agus nuair a dh'fhaighnich iad nan robh seòmar ri fhaighinn idir, thuirt e, "Oh, tha rùm gu leòr againn, thigibh a-steach! Seòmraichean gu leòr, *en suite* 's a h-uile càil!"

Ùrnaigh

A Thighearna, as e Alpha agus Omega,
tha thu air a bhith maille rinn anns na làithean
a dh'fhalbh,
agus tha thu a' gealltainn dhuinn gum bi thu maille
rinn anns na làithean a tha ri teachd.
Aig ceann aon bhliadhna,
agus aig toiseach bliadhna nuaidh,
is sinn air stairsneach na bliadhna aon uair eile,
nochd dhuinn nar cuimhneachan, nar dòchasan,
nar n-eagalan agus nar n-iomagainean,
gu bheil thu maille rinn an còmhnaidh,
gu saoghal nan saoghal.
Amen.